



## **Institiùd OGE nam Mìle Bliadhna**

---

**BA Cànan Is Cultar/Gàidhlig Is Iomall a' Chuain Siar  
An Cùrsa Comais**

---

**Cànan Foirmeil is Dreuchdail**

**Ath-shuidhe Dheuchainn**

**Diciadain, 11 An Lùnasdal, 2004**

**Uair: 10.00 - 12.00**

**Ainm an Oileanaich: .....**

---

**Fiosrachadh: Tha ceithir ceistean anns an deuchainn.  
Bu chòir dhut a h-uile ceist a fhreagairt.  
Faodaidh tu faclair a chleachdadh.  
Sgrìobh do fhreagairtean air na duilleagan seo.**

---

1. Seo na planaichean aig comataidh a' bhaile airson a' chèilidh.

- a. Ceannaich botal math uisge-bheatha. Ceannaich dhan rafail e.
- b. Faigh Mòrag na Pìoba. Faigh airson toiseach na h-oidhche i.
- c. Sgioblaich an taigh beag. Sgioblaich an oidhche ron chèilidh e.
- d. Bruidhinn ri Eachann. Bruidhinn ris gus an dèan e fear an taighe.
- e. Ullqich na ceapairen. Ullaich ann an cidsean na sgoile iad.
- f. Peant uinneag an talla. Peant uaireigin tron t-seachdain i.
- g. Càraich na tuill san stèids. Càraich le pìosan fiodha iad.
- h. Innis dhan phàipear-naidheachd. Innis dhaibh seachdain ron chèilidh.
- i. Dèan soidhne. Dèan airson ceann an rathaid i.
- l. Nigh an làr. Nigh le uisge teth e airson na dannsa.

Sgrìobh gach paidhir sheantansan a-rithist, a' cleachdadh a' ghnìomhair *a dhol* sa ghuth fhulangach, mar a leanas:

Tog dealbhan. Tog air taobh a-muigh an talla iad. > *Thèid dealbhan a thogail.*  
*Thèid an togail air taobh a-muigh an talla.*

- a. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- b. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- c. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- d. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- e. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- f. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- g. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- h. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- i. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- l. *Thèid* .....  
*Thèid* .....

(15 comharra)

2. Cuir na seantansan fodha dhan ghuth fhulangach leis a' ghnìomhair a bhith. Dèan cinnteach gun cleachd thu an tràth ceart eadar *bha*, *bidh*, *bhiodh*, is mar sin air adhart, mar a leanas:

Fhuair an sgoil bus(f) ùr airson cuairtean a dhèanamh. > *Bha bus ùr air fhaighinn leis an sgoil airson cuairtean a dhèanamh.*

- a. Chuidich na nàbaidhean Oighrig an latha a ghluais i.
- b. Cuiridh a' chompanaidh crann mòr air a' mhonadh airson fònaichean-làimhe.
- c. Dh'ith na cait an fheòil bhon truinnshear fhad 's a bha Seumas air a' fòn.
- d. Fàgaidh mo sheanmhar an taigh 's a' chroit aig Mairead, mo phiuthar.
- e. Nì a' Chomhairle rathad ùr gu ruige Armadal.
- f. Thug muinntir a' bhaile cuireadh dhan bhall-phàrlamaid chun a' chèilidh.
- g. Saoil am bris duine sam bith na h-uinneagan seo a-nis?
- h. Fhuair comann nan oileanach bòrd pool ùr dhan t-seòmar-chèilidh aca.
  - i. Thuir a bhùth nach do dh'òrdaich iad na leabhraichean fhathast.
  - l. Dh'òladh a' chlann an sùgh ann am mionaid nam fàgadh tu air a' bhòrd e.

- a. ....  
.....
- b. ....  
.....
- c. ....  
.....
- d. ....  
.....
- e. ....  
.....
- f. ....  
.....
- g. ....  
.....
- h. ....  
.....
- i. ....  
.....
- l. ....  
.....

(15 comharra)

3. a. Cuir loidhne fo gach rud a tha ceàrr anns an earrann a leanas, a rèir stiùiridhean G.O.C. agus Litreachadh Ùr na Gàidhlig. Sgrìobh an earrann air fad a-mach a-rithist air a ceartachadh. Tha 25 rud ceàrr ann uile gu lèir.

Nuair a ràinig mi Inbhir Nis bha e gu bhith ceithir uairean feasgar agus charobh mòran ùine gu bhith agam sna bùithtean. Chaidh mi a' bhùth nam bròg an toiseach airson brògan-sgoile fhaighinn dha'n<sup>1</sup> chloinn. Cha d' thug sin ro fhada, 'b e feasgar Di-Màirt a bh' ann agus cha robh a'bhuth no am baile robh thrang. Bha mi a nuairsin airson poca-cadail ùr a' cheannach dhomh fhìn, a chionn 's gun robh mi gu bhith a'falbh leis an teanta aig deireadh na seachdain. 'Sann nuair a bha mi a-staigh 'sa' bhùth a chunnaic mi Seòras, mo bhràthair, 'na sheasamh ann an dorus bùtha air taobh eile na sràide. Thog mi mo làmh ach cha robh e 'gam fhaicinn. Chaidh mi a'null far an robh e. Bha e air a' bhith a' coimhead air fear a bha a' cluiche air an t-sràid. Bha e a' seinn sa cluiche air giotàr 's a' bualadh air drumma mòr a bh'air a dhruim cuideachd le sreang a bha ceangailte ri a chas. Bha tòrr dhaoine air cruinneachadh air-beulaibh an duine seo agus se ceòl math dha-riribh a bh' aige. Dìreach an uair sin dh' aithnich an dithis againn cò bh' ann: an seann tidsear againn às a' cholaisde, Mgr MacFhionghain, a bha a' toirt R.E. dhuinn a h-uile Diciadain. An e seo a bha e a' dèanamh na làithean-sa?

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

(25 comharra)

3. b. Lìon gach beàrn anns a' chòmhradh a leanas le mìrean air choreigin den ghnìomhair *a bhith san tràth theachdail*.

Ailig: Am ..... am ball-coise air an telebhisean a-nochd?

Iain: Cha ..... idir, tha eagal orm.

Ailig: Nach .....?

Iain: Chan eil mi a' smaoinichadh gum ..... Tha am pàipear ag ràdh nach ..... co-dhiù. Tha film gu ..... air aig deich uairean agus ..... prògram naidheachd air às dèidh sin. 'S e prògram ciùil a ..... ann nuair a ..... sin deiseil.

Ailig: Cuin a ..... am ball-coise air na làithean sa ma-thà?

Iain: Air na seanalan saideil agus sin e. .... agad ri pàigheadh air a shon cuideachd.

Ailig: O, ..... modhail. 'S e Disathairne a th' ann. Feumaidh am ball-coise a ..... air.

Iain: ..... Ach 's e an seanal saideil far am ..... e. 'S ann air Setanta a ..... lìog na h-Alba, tha mi a' smaoinichadh.

Ailig: Cuin? Càite am ..... iad ga shealltainn?

Iain: Chan eil fhios agamsa - mura ..... e air san taigh-sheinnse.

Ailig: ..... e na bu dhaoire nan robh thu a' dol ga choimhead an sin - mus pàigheadh tu airson deoch, tacsaidh dhachaigh is a h-uile càil eile. .... na b' fheàrr dheth nan ceannaichinn fhèin an donas rud. Dè tha e a' cosg co-dhiù?

(10 comharran)

4. Sgrìobh aithisg-naidheachd, mu 250 – 300 facal, air AON de na cuspairean a leanas, mar gum b' ann do phrògram nan naidheachdan air *Radio nan Gaidheal*, no dhan fhàipear-naidheachd, *An Gaidheal Ùr*:

Latha trioblaideach san Ear Mheadhanach

Tuilleadh connspaid mu sheirbheisean-aiseig an eilein

Bliadhna shoirbheachail dha sgioba a' bhaile

Diluain thrang sa chùirt

A' mhìos a bu bhlàithe ann an 50 bliadhna, a rèir eòlaichean

Deagh naidheachd dhan Ghàidhlig

NO

Cuspair sam bith eile a tha ag èirigh anns na naidheachdan san sgìre agad fhèin

NO

Sgrìobh aithisg-naidheachd stèidhichte air an fhiosrachadh a leanas:

..oidhche mhòr... ..duaisean B.A.F.T.A... ..saoghal telebhisein is rèidio... ..dùil ri  
duais... ..mì-thoilichte... ..riochdaire... ..amharasach... ..aig a' bhàr... ..fion...  
..trod ri chèile... ..briste... ..na bhùrach... ..manaidsear an taigh-òsta... ..poilis...  
..sa chùirt...

(35 comharra)

(Cleachd na duilleagan a leanas airson an aithisg-naidheachd a sgrìobhadh.)

(Deireadh na Deuchainne)

4. Sgrìobh an aithisg-naidheachd agad an seo.

A series of 25 horizontal dotted lines for writing.

A series of horizontal dotted lines for writing, with a central margin.